



AM MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL

10 - EALAIN CHRUTHACHAIL - EALAIN CHRUTHACHAIL

Tha am Mòd Nàiseanta Rìoghail air a chur air dòigh leis a' Chomunn Ghàidhealach. Chaidh am buidheann seo a stèidheachadh anns an Òban ann an 1891 agus 's i a' Bhanrigh an neach-taice oifigeil aca.

'S e am Mòd am prìomh fhèis ann an Alba a tha a' comharrachadh cànan is cultar na Gàidhlig, agus a tha a' cruthachadh chothroman dhan mhòr-shluagh pàirt a ghabhail ann an roinn fharpaisean, a' gabhail a-steach òrain is ceòl Gàidhlig, dannsa Gàidhealach, dràma, **spòrs agus litreachas**.

Tha Mòd air a bhith ann a h-uile bliadhna ach a-mhàin tro bhliadhnaichean a' Chiad 's an Dàrna Cogaidh.

Ged is ann stèidhichte air farpaisean a tha am Mòd, bidh gu leòr eile a' **tachairt aig 'iomall' a' Mhòid**, far an cluinnear sàr luchd-ciùil agus sheinneadairean Gàidhlig a h-uile bliadhna.

A bharrachd air a bhith na dhòigh airson Gàidhlig a bhrosnachadh air feadh na dùthcha agus nas fhaide air falbh, tha am Mòd cuideachd a' toirt togail do dh'eaconamaidh agus chultar na sgìre anns a bheil e, agus a' togail ìomhaigh an àite gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta.

Tha am Mòd cuideachd na chothrom do Ghàidheil 's do Ghoill coinneachadh gach bliadhna airson seann chàirdeas a dhaingneachadh agus dàimhean ùra a neartachadh.

'S e cothrom air leth a th' anns a' Mhòd airson sgilean cànan a leasachadh agus tha farpais ann dhan a h-uile duine.

Tha cuid dhiubhsan a bha soirbheachail aig Mòdan a dh'fhalbh air fàs gu math ainmeil ann an saoghal a' chiùil. Ann an 1955, bhuannaich **Calum Ceanadach** am Bonn Òir, agus tha mòran fhathast dhen bheachd gur e fear de

na seinneadairean as fheàrr a bha a-riamh ann an saoghal na Gàidhlig. 'S ann à Sgìre nan Loch ann an Leòdhas a bha 'An Ceanadach', mar a b' fheàrr a dh'aithnichear e. **Gach bliadhna tha fireannach agus boireannach a' togail a' phrìomh urrainn a tha seo.**

Tha còisirean bho air feadh Alba, agus uaireannan nas fhaide air falbh, a' frithealadh a' Mhòid. Tha na còisirean a' cur seachad fad na bliadhna ag ionnsachadh nan òran aca agus tha dàimh làidir aig na buill ri chèile. Tha farpaisean a' Mhòid a' tighinn gu crìch air feasgar Dihaoine le prìomh fharpais nan còisirean, Sgiath MhicShimidh agus Thulaich Bhàrdainn, ach bidh cèilidhean agus cruinneachaidhean a' dol fada às dèidh do na farpaisean tighinn gu crìch.

LOIDHNE-TÌM

1892

Chaidh an Comunn Gàidhealach a stèidheachadh. Bha a' chiad Mhòd air a chumail anns an Òban. Tha e air a bhith anns an Òban sia tursan deug on uair sin.

2016

Chaidh am Mòd Nàiseanta Rioghail a chumail anns na h-Eileanan an Iar. Tha Mòdan air a bhith anns na h-Eileanan ann an 1979, 2001, 2005 agus 2011.

GEAMANNAN

GNÌOMHAN

Faigh a-mach mu na diofar àiteachan anns an robh am Mòd air a chumail bhon a chaidh a stèidheachadh. Cuir na h-àiteachan air mapa de dh'Alba.

2. Dè seòrsa farpais a chòrdadh riut fhaicinn aig Mòd nach eil a' gabhail àite an dràsta? Oobraich le cuideigin eile no ann am buidhnean beaga.

Feumaidh tu do bheachd a chur mu choinneamh luchd-obrach a' Chomuinn Ghàidhealaich – agus cò aige tha fhios nach nochd do bheachd-smuain aig Mòdan san àm ri teachd!



Erasmus+

CE PROJET A ÉTÉ FINANCÉ AVEC LE SOUTIEN DE LA COMMISSION EUROPÉENNE



ACPPG
Editions ACPPG